

FOR OFFICIAL USE



--	--	--	--	--	--

Teisteanais
Nàiseanta
PÀIPEAR EISIMPLEIR

Comharra

--

S832/75/01

Gàidhlig
Leughadh
Gàidhlig Reading

Latha — Gun bhuinteanas

Ùine: — 1 uair agus 40 mionaid (moladh)



* S 8 3 2 7 5 0 1 *

Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal.

Làn ainm sgoile no colaiste

--

Baile

--

Ciad ainm(ean)

--

Sloinneadh

--

Àireamh an
t-suidheachain

--

Latha breith

Latha

--	--

Mìos

--	--

Bliadhna

--	--

Àireamh an oileanaich

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

Comharran gu lèir — 30

Leugh an earrann agus feuch na ceistean UILE. Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir anns na beàrnan san leabhran.

Tha àite a bharrachd airson fhreagairtean aig deireadh an leabhraich seo. Ma chleachdas tu an t-àite sin, feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc **gorm** no **dubh**.

Tha leabhran nam freagairtean eile airson Litreachas. Cuir do fhreagairtean airson Litreachas anns an leabhran nam freagairtean airson Litreachas.

Mus fàg thu seòmar na deuchainne, feumaidh tu na leabhraichean a thoirt don Fhreiceadan; mur a dèan thu sin, dh'fhaodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir a chall.



* S 8 3 2 7 5 0 1 0 1 *

Leugh an earrann agus feuch na ceistean UILE.

Tha an neach-naidheachd Anna Nicleòid a' rannsachadh sàbhailteachd air an rathad, gu h-àraidh am measg dhràibhear an òg.

Tha barrachd is barrachd dhaoine òg gach bliadhna a' faighinn cead dràibhidh cho luath 's a tha e ceadaichte dhaibh sin a dhèanamh aig seachd bliadhna deug a dh'aois. Chan eil càil air an aire ach cothrom fhaighinn a dhol a-mach air an rathad leotha fhèin, glè thrì ann an càr brèagha, gleansach, luath. Gu mì-fhortanach, tha àireamhan oifigeil cuideachd a' sealltainn dhuinn gu bheil daoine fo chòig bliadhna fichead, gu h-àraidh fir, nas buailtiche tubaistean a bhith aca le càraichean na daoine de aois sam bith eile. Tha seo a' dèanamh uallach mòr don phoileas air feadh Alba.

Bhruidhinn mi ri Iain Caimbeul, a tha na Oifigear Sàbhailteachd Rathaid ann an Inbhir Nis mun t-suidheachadh. Bidh esan a' dol a-mach do sgoiltean agus gu buidhnean coimhearsnachd a thoirt comhairle do dhaoine òg mu cho cudromach 's a tha e cumail ri riaghailtean an rathaid. Tha mòran dhaoine òg gach bliadhna air an droch ghoirteachadh no eadhon a' call am beatha ann an tubaistean rathaid.

Bidh Iain ag innse don òigridh mu rud mì-fhortanach a thachair dha fhèin nuair a bha e mun aon aois riuthasan. Thug an tachartas sin fìor bhuaidh air. Dh'inns e dhomh:

“Fhuair mise cead dràibhidh nuair a bha mi air an t-siathamh bliadhna san sgoil. 'S mi a bha pròiseil; b' e duine mòr a bha annam a-nis! Goirid an dèidh dhomh cead dràibhidh fhaighinn, bha agam ri dhol don ath bhaile a bha mu shìle mìle air falbh bhon taigh againn a chluich ball-coise. Cha robh dòigh agam air faighinn ann 's gun chàr agam fhèin. Ach, nach mi bha gòrach! Nach robh BMW spaideil, ùr aig m' athair? Bha e fhèin agus mo mhàthair a' dol a dh'fhalbh airson beagan làithean le càr mo mhàthar. Uill, chaidh agam air m' athair a cho-èigneachadh gus an càr a thoirt dhomh. Chun an latha an-diugh chan eil mi a' tuigsinn carson a dh'aontaich e. Bhitheadh; bhithinn faiceallach; cha tachradh dad don chàr.”

Ach, cha do dh'obraich cùisean mar a bha Iain an dùil. Chùm e air:

“Chaidh cùisean ceart gu leòr gus an robh mi a' feuchainn ri faighinn a-mach às a' phàirc chàraichean an dèidh a' ghèam. Cha robh mi faiceallach gu leòr a' dol gu mo dheireadh. Nuair a dh'fhairich mi cùl a' chàir a' bualadh anns a' bhalla, bha e mar gun cuireadh duine sgian nam chridhe. Thàinig mi a-mach agus thug mi sùil. Bha toll mòr anns a' bhumpair deiridh. Smaoinich mi: ciamar a dh'inneas mi seo do m' athair? Tha e cho moiteil às a' chàr. Cha leig e leam a dhràibheadh gu bràth tuilleadh.

Chunnaic mi dithis a' toirt sùil orm agus a' coimhead gu geur air clàr a' chàir. Cha mhòr nach do theich mi. Bha mi glè chinnteach gum biodh iongnadh orra ciamar a b' urrainn do dhuine cho òg riumsa a bhith a' dràibheadh càr cho cosgail. Dè nan cuireadh iad fios gu na poilis? Co-dhiù, fhuair mi a-mach às a' phàirc agus shiubhail mi dhachaigh gu faiceallach.

Nuair a ràinig mi an taigh, chuir mi fòn gu garaids (nach cleachdadh m' athair) agus dh'fhaighnich mi dhaibh am b' urrainn dhaibh bumpair ùr a chur air a' chàr an latha ud fhèin. Thuirt iad nach b' urrainn, ach gur dòcha gun dèanadh iad e an-ath-latha. Ghabh mi ris an tairgse. Agus sin mar a bha! Fhuair mi an càr a chur ceart, ach rinn e dragh mòr dhomh agus chosg e gu leòr airgid dhomh.”

Thug an tachartas sin air Iain a bhith faiceallach às dèidh sin agus chuidich e leis ann a bhith a' toirt comhairle do dhaoine eile. Ged a tha daoine a' faighinn cead a dhol air an rathad leotha fhèin, chan eil sin idir a' ciallachadh gu bheil iad sàr mhath air dràibheadh agus nach eil an còrr aca ri ionnsachadh. Feumaidh iad a bhith faiceallach agus cùram a ghabhail mu an sàbhailteachd fhèin agus mu shàbhailteachd dhaoine eile.



* S 8 3 2 7 5 0 1 0 2 *

Ceistean

1. Dè tha mòran dhaoine a' dèanamh gach bliadhna? 2

2. Dè am fiosrachadh a tha a' dèanamh uallach don phoileas? 3

3. Ainmich càit am bi lain Caimbeul a' dol agus carson. 3

4. Dè an nì sònraichte a bhios lain ag innse do dhaoine? 1

5. Carson a bha feum aig lain air càr aon latha? 2



* S 8 3 2 7 5 0 1 0 3 *

6. Dè tha am facal 'cho-èigheachadh' ag innse dhuinn?

1

7. Saoil carson a thug athair lain dha am BMW?

3

8. Dè gheall lain do athair?

2

9. Ciamar a chaidh cùisean ceàrr do lain?

3

10. Carson a rinn an dithis dhaoine a bha ga choimhead dragh do lain.

3



* S 8 3 2 7 5 0 1 0 4 *

11. 'mar gun cuireadh duine sgian nam chridhe'

Saoil dè tha na facail sin ag innse dhuinn?

1

12. Saoil carson a chuir lain fios gu garaids nach cleachdadh athair?

1

13. Ged a fhuair lain an càr a chur ceart, dè bha fìor?

2

14. Dè am fiosrachadh cudromach a tha air a thoirt seachad aig deireadh na h-earrainne mu dhràibhearan òga?

3

[CRÌOCH A' PHÀIPEAR EISIMPLEIR]



* S 8 3 2 7 5 0 1 0 5 *

COMHARRAN

NA
SGRÌOBH
AN SEO

ÀITE A BHARRACHD AIRSON FHREAGAIRTEAN



* S 8 3 2 7 5 0 1 0 6 *

duilleag 06

COMHARRAN

NA
SGRÌOBH
AN SEO

ÀITE A BHARRACHD AIRSON FHREAGAIRTEAN



* S 8 3 2 7 5 0 1 0 7 *

duilleag 07



Teisteanais
Nàiseanta
PÀIPEAR EISIMPLEIR

S832/75/01

**Gàidhlig
Leughadh**
Gàidhlig Reading

Marking Instructions

These marking instructions have been provided to show how SQA would mark this specimen question paper.

The information in this publication may be reproduced to support SQA qualifications only on a non-commercial basis. If it is reproduced, SQA should be clearly acknowledged as the source. If it is to be used for any other purpose, written permission must be obtained from permissions@sqa.org.uk.

Where the publication includes materials from sources other than SQA (ie secondary copyright), this material should only be reproduced for the purposes of examination or assessment. If it needs to be reproduced for any other purpose it is the user's responsibility to obtain the necessary copyright clearance.

General marking principles for National 5 Gàidhlig Reading

This information is provided to help you understand the general principles you must apply when marking candidate responses to questions in this paper. These principles must be read in conjunction with the detailed marking instructions, which identify the key features required in candidate responses.

- (a) Marks for each candidate response must always be assigned in line with these general marking principles and the detailed marking instructions for this assessment.
- (b) Marking should always be positive. This means that, for each candidate response, marks are accumulated for the demonstration of relevant skills, knowledge and understanding: they are not deducted from a maximum on the basis of errors or omissions.
- (c) If a specific candidate response does not seem to be covered by either the principles or detailed marking instructions, and you are uncertain how to assess it, you must seek guidance from your team leader.

Detailed marking instructions for each question

Roinn 1 - Leughadh airson Sgrùdadh agus Measadh

Question		Expected response	Max mark	Additional guidance
1.		<ul style="list-style-type: none"> A' faighinn cead dràibhidh Cho luath 's a tha e ceadaichte dhaibh sin a dhèanamh 	2	
2.		<ul style="list-style-type: none"> Gu bheil daoine òga fo chòig bliadhna fichead Agus gu h-àraidh fir Nas buailtich tubaistean a bhith aca le càraichean na daoine eile 	3	
3.		<ul style="list-style-type: none"> Do sgoiltean agus buidhnean coimhearsnachd Airson comhairle a thoirt do dhaoine òga Mu cho cudromach 's a tha e cumail ri riaghailtean an rathaid 	3	
4.		<ul style="list-style-type: none"> Mu rud mì-fhortanach a thachair dha fhèin nuair a bha e òg 	1	
5.		<ul style="list-style-type: none"> Bha aige ri dhol don ath bhaile A chluich ball-coise 	2	
6.		<ul style="list-style-type: none"> Gun robh e doirbh do lain toirt air athair an càr a thoirt dha 	1	<ul style="list-style-type: none"> No freagairt iomchaidh sam bith eile
7.		<ul style="list-style-type: none"> Bha earbsa aige ann Bha truas aige ris: chan fhaigheadh lain chun a' ghèam mur faigheadh e an càr Cha bhiodh feum aige fhèin air a' chàr 	3	<ul style="list-style-type: none"> No freagairt iomchaidh sam bith eile
8.		<ul style="list-style-type: none"> Gum biodh e faiceallach Agus nach tachradh rud sam bith don chàr 	2	

Question		Expected response	Max mark	Additional guidance
9.		<ul style="list-style-type: none"> Nuair a bha e a' tighinn a-mach às a' phàirc chàraichean Bhuail e cùl a' chàir ann am balla Agus bha toll mòr anns a' bhumpair 	3	
10.		<ul style="list-style-type: none"> Bhiodh iongnadh orra ciamar a b' urrainn do dhuine cho òg A bhith a' dràibheadh càr cho cosgail. Bha eagal air gun cuireadh iad fios gu na poilis 	3	<ul style="list-style-type: none"> <i>No freagairt iomchaidh sam bith eile</i>
11.		<ul style="list-style-type: none"> Gun robh an rud a thachair a' dèanamh uallach mòr dha no gun robh fìor eagal air mu dheidhinn dè bha a' dol a thachairt 	1	<ul style="list-style-type: none"> <i>No freagairt iomchaidh sam bith eile</i>
12.		<ul style="list-style-type: none"> Oir nan cuireadh e fios gu garaids a chleachdadh athair, gheibheadh athair a-mach mun tubaist 	1	<ul style="list-style-type: none"> <i>No freagairt iomchaidh sam bith eile</i>
13.		<ul style="list-style-type: none"> Rinn e dragh mòr dha Agus chosg e tòrr airgid dha 	2	
14.		<ul style="list-style-type: none"> Ged a gheibh daoine cead laghail dràibheadh, chan eil sin a' ciallachadh gur e sàr dhràibhearan a tha annta Tha tòrr aig dràibhearan ùr ri ionnsachadh fhathast Feumaidh dràibhearan ùr a bhith faiceallach mu an sàbhailteachd fhèin agus mu shàbhailteachd dhaoine eile 	3	

[END OF SPECIMEN MARKING INSTRUCTIONS]

Published: January 2016

Change since last published:

Reading and Writing paper has been split into two separate question papers. No change to content or examination timings.